

Stiùireadh Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig 2025/26

Gaelic Early Years Grants 2025/26 Funding Guidelines

Mu dheidhinn na Maoine

Tha sgeama Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig air a ruith is air a mhaoineachadh le Bhòrd na Gàidhlig is ri fhaighinn airson taic a thoirt do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig gus seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig a ruith do chlann aig aois 0-3. Tha an sgeama a' cur taic ri amasan a' Phlana Càinain Nàiseanta Ghàidhlig ri linn cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh agus foghlam nan tràth-bhliadhnaichean.

Tha Bòrd na Gàidhlig air stiùireadh ullachadh airson bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean 0-3 a stèidheachadh no a ruith a bhiodh feumail do bhuidhnean a tha beachdachadh air iarrtas a chur a-steach, [is e ri fhaighinn air an làrach-lìn againn an seo](#).

About the Fund

The Gaelic Early Years Grants scheme is run and funded by Bòrd na Gàidhlig and is available to support Gaelic early years groups to provide sessions through the medium of Gaelic to children aged 0-3, supporting the objectives of the National Gaelic Language Plan with regard to use of Gaelic in the home and early years education.

Bòrd na Gàidhlig has developed guidance for establishing and running 0-3 early years groups that is useful for groups expecting to make an application, [which is available here](#).

Cò dhà a tha an sgeama seo?

Tha sgeama Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig ri fhaighinn do na buidhnean tràth-bhliadhnaichean saor-thoileach no treasaibh-roinn uile a tha airson seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig a libhrigeadh airson clann aig aois 0-3 anns a' bhliadhna-sgoile 2025/26.

Tha sgeama am bliadhna gu sònraichte ag amas air taic a chur ri bhuidhnean a tha sealltainn mar a bhios iad a' coileanadh na builean leanas:

- A' daingneachadh gu bheil cothrom seasmhach aig clann is teaghlaichean air solar tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig
- A' cur ris an àireamh chloinne a tha a' cumail a' dol le ionnsachadh tron Ghàidhlig aig ìrean eadar-ghluasaid
- A' cuideachadh barrachd theaghlaichean ann an Alba a bhith mothachail air na buannachdan a thig bho dhà-chànanas agus air na cothroman a gheibhear le foghlam tron Ghàidhlig
- A' cuideachadh phàrantan gus am bi eòlas nas fheàrr aca air goireasan agus air na cothroman a th' ann gus taic a chumail is conaltradh a dhèanamh ri an cuid chloinne tron Ghàidhlig san taigh agus sa choimhearsnachd

Who is this scheme for?

The Gaelic Early Years Grants are available to all voluntary and third-sector early years groups that are looking to deliver sessions for children aged 0-3 through the medium of Gaelic in the 2025/26 school year.

This year's scheme would specifically like to support groups that can show how they will achieve the following outcomes:

- Ensuring that children and families have sustained access to Gaelic early years provision
- Increasing the number of children continuing with Gaelic-medium learning at key transition stages
- Helping more families in Scotland become aware of the benefits of bilingualism and the opportunities offered by Gaelic-medium education
- Helping parents become better informed on resources and opportunities to support and interact with their children through Gaelic in homes and communities

Cò dh fhaodas iarrtas a chur a-steach

Faodaidh buidhnean treas-roinn no saor-thoileach sam bith a tha ruith seiseanan tràth-bhliadhnaichean (0-3) Gàidhlig iarrtas a chur a-steach.

Feumaidh bonn-stèidh, comataidh is cunntas-banca san RA a tha fosgailte is ann an ainm na buidhne a bhith aig a' bhuidheann gus a bhith freagarrach dhan sgeama. Mur eil cunntas banca beò is fosgailte agaibh mar bhuidheann chan fhaod sibh iarrtas a chur a-steach.

Chan eilear a' gabhail iarrtasan bho ùghdarrasan ionadail tron sgeama seo.

Clàr-ama

Bheir a' mhaoin taic do sheiseanan na buidhne a thèid a libhrigeadh eadar 1 Lùnastal 2025 agus 5 Iuchar 2026. Dh' fhaodadh taic a thoirt seachad taobh a-muigh an clàr-ama seo ma cheadaicheas Bòrd na Gàidhlig ri seo ann an suidheachadh sònraichte.

Ìrean taic-airgid

'S e £120,000 am buidseat ris a bheilear an dùil airson an sgeama seo. Thathar an dùil gum bi am maoin seo farpaiseach is mathaid nach bi e comasach taic a chumail ri gach iarrtas freagarrach, no nach fhaigh sibh an ìre taic-airgid a dh' iarr sibh.

Faodaidh buidhnean a tha libhrigeadh 1 seisean san t-seachdain a-mhàin suas ri **£4,000** a shireadh, ach faodaidh buidhnean a tha a' libhrigeadh barrachd na 1 seisean san t-seachdain suas ri **£15,000** a shireadh.

Faodaidh buidhnean ach 1 iarrtas a chur a-steach, ach faodar iarrtas a chur a-steach gus taic a chumail ri barrachd na aon buidheann tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig (ma tha sin freagarrach dhan bhuidheann).

Thathar an dùil gum bi gach buidheann a' togail airgid bho thùsan eile (m.e. cìsean frithealaidh no taic-airgid eile) agus gum bu chòir dhuibh an taic seo a thuairmse is ainmeachadh san iarrtas agaibh.

Bu chòir do thagraichean dèanamh cinnteach nach eil pàirt sam bith eile de bhuidseat a' phròiseict a' tighinn bho sgeamaichean maoineachaidh eile aig Bòrd na Gàidhlig (m.e. Taic Freumhan Coimhearsnachd).

Who can apply?

Any third-sector or voluntary group that runs Gaelic early years (0-3) sessions can apply to the scheme.

All organisations must have a constitution, active committee and an open UK bank account in the name of the organisation to be eligible for the scheme. If your group does not have an active and open bank account you will not be eligible to apply.

Applications will not be accepted from local authorities through this scheme.

Timeframe

The fund will support Gaelic early-years sessions which will take place and be fully completed between 1 August 2025 and 5 July 2026. Support outwith this timeframe may be provided in exceptional circumstances at the discretion of Bòrd na Gàidhlig.

Funding levels

The estimated budget allocated to this fund is £120,000. It is expected that this year's fund will be competitive and that it may be the case that not all suitable applications will be able to be supported, or that you may not receive the level of funding requested.

Groups that deliver only 1 session per week can apply for a maximum of **£4,000**, while groups that deliver more than 1 session per week can apply for a maximum of **£15,000**.

Organisations will be limited to making 1 application to the scheme but may apply to support multiple Gaelic early years groups (if applicable to their organisation).

It is expected that each group will raise money from other sources (i.e. attendance fees or other funding) and that these sources should be estimated and identified in your application.

Applicants must ensure that no other part of the project's budget comes from other Bòrd na Gàidhlig funding schemes (e.g. Taic Freumhan Coimhearsnachd).

Bu chòir stiùirichean-cluiche a tha a' faighinn taic tron sgeama seo a bhith comasach seiseanan libhrigeadh gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, **feumaidh iad a bhith** na bhall den [sgeama PVG](#), agus tha e riatanach gum bi am buidhnean a' pàigheadh luchd-obrach sam bith aig [ìre an Tuarastal Bith-beò Fìor de £12.60 san uair](#). A bharrachd air a seo, **feumaidh** dhan cathraiche, ionmhasair is rùnaire de chomataidh na buidhne agaibh a bhith na bhuill den sgeama PVG, is bu chòir daoine cudromach eile le buaidh air mar a tha seiseanan air a libhrigeadh. Ma tha ceistean ann a thaobh seo, cuiribh fios ri Bhòrd na Gàidhlig cho luath sa ghabhas.

Chan fhaod an taic-airgid againn a bhith air a cosg air cuairtean, pàrtaidhean no tiodhlacan no càil sam bith eile seach a bhith libhrigeadh seiseanan tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig is cosgaisean an lùib sin.

Sgrùdadh is measadh air a' phròiseact

Bidh aig gach tagraiche ri a mhaoineachadh a sgrùdadh is measadh a dhèanamh air mar a thèid an obair aca a libhrigeadh agus feumaidh iad fianais a thoirt seachad ann an aithisg adhartais san Fhaoilleach 2026 agus aithisg dheireannaich san Iuchar 2026. Dh'fhaodadh gun tèid iarraidh oirbh fiosrachadh a thaobh ionmhais a thoirt seachad aig amannan eile tron bhliadhna gus dearbhadh mar a tha sibh a' cleachdadh an tabhartais.

Tron bhliadhna, dh'fhaodadh gun iarr sinn oirbh suirbhidh a chur do phàrantan ri lìonadh gus fios a thoirt dhuinn air mar a tha a' bhuidheann agaibh air:

- Clann a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice aig an taigh; agus
- Fios a thoirt seachad do phàrantan a thaobh cothroman an lùib foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

Thèid taic is stiùir a thoirt dhuibh ri linn an suirbhidh seo.

Bu chòir dhuibh cuideachd sealldtainn san iarrtas mar a bhios sibh a' tional fiosrachaidh a thaobh càileachd is buaidh nan seiseanan agaibh.

Ag aithneachadh an taic-airgid

Mar bhuidheann phoblach, tha e cudromach dhuinn gu bheil fios aig a' phoball air mar a tha sinn a' cleachdadh ar cuid airgid, is mar sin tha e cudromach gu bheil sibh ag aithneachadh gun tug Bòrd na Gàidhlig taic-airgid dhan bhuidheann agaibh (far a bheil sin iomchaidh). Bidh sinn a' faighneachd san fhoirm-iarrtais mar a bhios sibh an dùil seo a dhèanamh tron bhliadhna ma tha an t-iarrtas agaibh

All playleaders supported through this fund should be able to deliver sessions entirely through the medium of Gaelic, **must** hold membership of [the PVG scheme](#), and the group must ensure that all paid workers are paid at least [the real Living Wage of £12.60 per hour](#). In addition, the chair, treasurer and secretary of your organisation's committee **must** hold membership of the PVG scheme, as should any other key personnel with an influence on the way sessions are run. If there are any questions regarding this, please contact Bòrd na Gàidhlig as soon as possible.

Our funding cannot be used towards the costs of trips, parties or gifts or anything other than delivery of Gaelic early years sessions and associated costs.

Project monitoring and evaluation

All funded groups will be required to monitor and evaluate their delivery of their work and provide evidence of this in a progress report in January 2026 and a final report in July 2026. You may be asked at other times through the year to provide financial information to confirm how you are using the grant.

Through the year, we may also ask you to issue a survey to parents to complete to give us information on how your group has:

- Encouraged the children to use Gaelic more at home; and
- Informed parents of opportunities relating to Gaelic-medium education

Support and guidance will be provided relating to this survey.

Evidence should also be provided in your application as to how you will collect feedback from parents relating to the quality and impact of your sessions.

Acknowledgment of funding

As a public body it's important to us that the public know where our funding is spent, and that's why it's important that you acknowledge (where appropriate) that Bòrd na Gàidhlig provided funding for your group. We'll ask you in the application how you will acknowledge our support throughout the year if your application is successful and

soirbheachail agus feumaidh sibh fianais a chur thugainn san aithisg dheireannaich air mar a tha sibh air an taic-airgid againn aithneachadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, nach toir sibh sùil air an [Stiùireadh Aithneachaidh](#) is [Stiùireadh Brann](#) air an làrach-lìn againn.

you must evidence how you have acknowledged our support in your final report.

For further information please read our [Acknowledgement Guidance](#) and our [Brand Guidance](#) on our website.

Pàrantachd Corporra, UNCRC is Obair Cothromach

Tha dleasan aig Bòrd na Gàidhlig a rèir Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014 gus cur air adhart deagh chleachdadh ann a bhith a' brosnachadh chothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram.

Bu mhath leinn gum bi na buidhnean is pròiseactan a tha a' faighinn maoinachadh bhagainn cuideachd a' cur ris na h-amasan seo, is bidh sinn ag iarraidh oirbh innse san fhoirm-iarrtais mar a tha sibh an dùil gum bi am buidheann agaibh a' dèanamh seo.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, nach leugh sibh fiosrachadh tro na ceanglaichean gu h-ìosal:

- [Mu dheidhinn Pàrantan Corporra agus cumail taic ri clann a tha air a bhith ann an cùram](#)
- [The Promise](#)
- [Who Cares? Scotland](#)

An UNCRC

Tha [Co-chruinneachadh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne \(UNCRC\)](#) na bhun-ìre airson còraichean chloinne agus a' mìneachadh chòraichean bunaiteach aig gach pàiste. Tha 54 artaigilean aig an UNCRC. Tha Artaigilean 1 – 41 a' mìneachadh còraichean a thaobh mar a bu chòir dèiligeadh ri clann & daoine òga gus am bi iad toilichte, sàbhailte agus fallain. [Gheibhear na h-artaigilean an seo.](#)

Tha dleasan air a h-uile buidheann tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig adhartachadh agus taic a thoirt do chòraichean chloinne a tha a' cleachdadh na seirbheisean aca.

Obair Chothromach

Feumaidh buidhnean a tha a' faighinn maoinachadh poblach ann an Alba cumail ri poileasaidh Obair Chothromach aig Riaghaltas na h-Alba, agus mar sin feumaidh iad:

Corporate Parenting, UNCRC and Fair Work

Bòrd na Gàidhlig has a responsibility under the Children and Young People (Scotland) Act 2014 to promote opportunities for young people who are, or have been, in care under the Children and Young People (Scotland) Act 2014.

We would like the organisations and projects that we fund to also consider how their work can contribute to these aims and will ask in the application form how your group will seek to do so.

For further information, please consult the links below:

- [About Corporate Parenting and supporting care-experienced young people](#)
- [The Promise](#)
- [Who Cares? Scotland](#)

The UNCRC

The [United Nations Convention on the Rights of the Child \(UNCRC\)](#) is the base standard for children's rights and sets out the fundamental rights of all children. The UNCRC has 54 articles. Articles 1 – 41 sets out rights about how children & young people should be treated so that they are happy, safe & healthy. [These articles can be found here.](#)

All Gaelic early years groups have a duty to promote and support the rights of children accessing their services.

Fair Work

Organisations in receipt of public funding in Scotland are required to adhere to the Scottish Government's Fair Work First policy, and as such **must**:

- Co-dhiù am fìor Thuarastal Beò a phàigheadh (£12.60 san uair); agus
- Dòighean iomchaidh airson guth luchd-obrach èifeachdach, leithid aithneachadh aonaidhean-ciùird, a chruthachadh, far a bheil luchd-obrach air fhastadh air cùmhnanan fastaidh foirmeil.

Thèid iarraidh oirbh mar phàirt den tagradh agus aithisgean agaibh dearbhadh gu bheil sibh a' cumail ris a' phoileasaidh agus faodadh gun tèid fianais iarraidh oirbh airson a dhearbhadh gun do rinn sibh sin.

Tha [tuilleadh stiùireadh air mar a tha sinne aig Bòrd na Gàidhlig a' cur an gnìomh poileasaidh Obair Cothromach ri fhaighinn an seo](#), is tha [stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba air am poileasaidh ri fhaighinn an seo](#).

- Pay at least the real Living Wage (£12.60 per hour); and
- Where workers are employed on formal employment contracts, provide appropriate channels for effective workers' voice, such as trade union recognition

You will be asked as part of your application and reporting to confirm that you are adhering to the policy and may be asked to provide evidence of doing so.

Further [guidance as to how Bòrd na Gàidhlig is implementing the Fair Work First policy is available here](#), and [guidance from the Scottish Government on the policy is available here](#).

A' cur iarrtais a-steach

Bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-steach tro phortal iarrtasan Fluxx aig bng.fluxx.io. Faodaidh sibh cunntas a chruthachadh saor an-asgaidh air an làraich-lìn sin is tha e comasach an t-adhartas agaibh leis an iarrtas a shàbhaladh fhad 's a tha sibh ag obair air. Feumaidh co-dhiù aon de na luchd-conaltraidh a bhith nan buill den chomataidh. Faodaidh sibh gach faidhle-taic a chur a-steach tron phortal.

Ma fhuair sibh taic ann an 2024/25, bidh iarrtas air a thòiseachadh agaibh anns a' chunntas Fluxx agaibh, gus a bheil nas lugha rianachd an lùib iarrtas ùr a chur air dòigh.

Faodaidh sibh cuideachd [lethbhreac den foirm Word a luchdachadh sìos](#) agus a chur thugainn tro phost-d aig tabhartas@gaidhlig.scot no tro phost gu Bòrd na Gàidhlig, Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn, Inbhir Nis, IV3 8NW còmhla ris na faidhlichean-taic riatanach.

Feumaidh sinn an iarrtas crìochnaichte agaibh fhaighinn ro **3f air Diardaoin 26 June 2025**. Cha ghabh ri iarrtasan anmoch ann an suidheachadh sònraichte ma cheadaicheas Bòrd na Gàidhlig.

Tha [taic mionaideach ri fhaighinn air an fhiosrachadh a tha sinn a' sireadh bho gach ceist](#).

Tha sinn a' moladh gun tòisich sibh an iarrtas co-dhiù seachdain ro cheann-uidhe nan iarrtasan gus an urrainn dhuibh fios a chur thugainn ma tha duilgheadasan sam bith agaibh leis a' phortal no ma tha ceistean sam bith

Submitting an application

Applications can be submitted via our Fluxx application portal at bng.fluxx.io. An account can be registered for free on the website and it is possible to save the progress of an application whilst working on it. We require at least one of the named contacts to be a committee member. All supporting documents can be submitted via the portal.

If you applied for support in 2024/25, you will have a pre-populated application form in your Fluxx account to begin with, to reduce the workload of a new application.

You can also [download a copy of our application form in Word format](#) and submit this to us by email at tabhartas@gaidhlig.scot or by post to Bòrd na Gàidhlig, Great Glen House, Leachkin Road, Inverness, IV3 8NW along with the required supporting documents.

We must receive your completed application by **3pm on Thursday 26 June 2025**. Late applications will only be permitted in exceptional circumstances at the discretion of Bòrd na Gàidhlig.

[Detailed support is available on our website as to what information we are looking for from each question.](#)

We recommend beginning your application at least a week in advance of the submission deadline to allow you to get in touch if you have any issues with the portal or have any questions about the application. We can be reached by email at tabhartas@gaidhlig.scot.

agaibh a thaobh an iarrtais. Faodaidh sibh post-d a chur thugainn aig tabhartas@gaidhlig.scot.

Nuair a tha sibh a' cur an iarrtais a-steach, feumaidh sibh na **faidhlichean-taic riatanach** a leanas a chur còmhla ris:

Riatanach

- Bonn-stèidh no Meòrachan agus Artaigilean Companaidh
- Na Cunntasan Bliadhna mu dheireadh no aithrisean-banca bhon 12 mìosan mu dheireadh (no ma 's e buidheann air stèidheachadh o chionn goirid a th' annaibh, litir bhon bhanca a' dearbhadh gu bheil cunntas agaibh air fhosgladh)
- Poileasaidh Dion Chloinne no Barantachaidh
- Liosta de Bhuill a' Bhùird no Comataidh le fiosrachadh conaltraidh (le Cathraiche, Rùnaire agus Ionmhasair air ainmeachadh, le daoine fa-leth anns gach dreuchd)
- Dearbhadh air poileasaidhean àrachadh na buidhne

Air am moladh (ma tha iad rim faighinn)

- An Aithisg Bhliadhna mu dheireadh
- Poileasaidh Gàidhlig
- Poileasaidh co-ionannachd chothroman no Poileasaidh Co-ionannachd, Iomadachd is In-ghabhaltachd
- Poileasaidh no aithris àrainneachd

Mura h-eil na sgrìobhainnean a tha a dhìth air an cur a-steach ann an deagh ùine dh'fhaodadh gun tèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh.

When submitting your application, you must include the **required supporting documents**, as follows:

Essential

- Constitution or Memorandum and Articles of Association
- Most recent annual accounts or bank statements from the last 12 months (or for recently constituted organisations, a letter from your bank to confirm an account has been opened)
- Child Protection or Safeguarding policy
- List of board or committee members with contact details (with at least a Chair, Secretary and Treasurer named, with different individuals holding each post)
- Confirmation of the group's insurance policies

Recommended (if available)

- Latest annual report
- Gaelic policy
- Equal opportunities policy or Equalities, Diversity and Inclusion policy
- Environmental policy or statement

If you do not provide the required documents in time your application may be declined.

Mar a làimhsicheas sinn is nì sin co-dhùnadh air ur n-iarrtas

Gheibh sibh post-d fèin-obrachail bhon phortal Fluxx a' dearbhadh gun d' fhuair sinn an t-iarrtas agaibh. Mur eil sibh air seo fhaighinn, dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an t-iarrtas agaibh a chur a-steach is nach eil sibh dìreach air a shàbhaladh.

Às dèidh a' chinn-uidhe airson iarrtasan a chur a-steach, thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad a' leantainn riaghailtean na maoine agus gu bheil iad a' toirt seachad an fhiosrachaidh a tha a dhìth. Tillidh sinn thugad ma tha càil a dhìth gus iarraidh oirbh an t-iarrtas ùrachadh no atharrachadh no am fiosrachadh a bharrachd a tha a dhìth a thoirt seachad. Dh'fhaodadh gun tèid iarrtas sam bith nach eil a' leantainn an stiùiridh seo no far nach eil

How we will process and decide upon your application

You will receive an automatic email acknowledgment from the Fluxx portal to confirm that we have received your application. If this hasn't been received, please ensure that you have submitted the application rather than just saving it.

After the closing date for applications, Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. We will return to you if there are any items requiring your attention to ask you to amend the application or provide the extra information required. Any application which is not compliant with this guidance and does not contain all of the required supporting documents by **10am on Monday 14 July 2025** may be declined.

faidhlichean riatanach uile ann na chois aig **10m air Diluain 14 Iuchar 2025** a dhiùltadh.

Thèid gach iarrtas ceadachd a mheasadh le pannal de dh' oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig a rèir [an stiùireadh-measaidh](#), agus cuiridh iad molaidhean do Sgioba-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a nì an co-dhùnadh air na h-iarrtasan.

Dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh no mìneachadh air fiosrachadh mu dheidhinn a' phròiseict mar phàirt den phròiseas measaidh, is sinn ag iarraidh gun tig freagairtean air ais thugainn taobh-a-staigh 5 làithean-obrach gus dàil air pròiseasan measaidh a sheachnadh.

Ann a bhith a' measadh an iarrtais agaibh, bidh sinn a' coimhead air:

- Dè cho làidir 's a bhios a' bhuidheann a thaobh builean a' mhaoin a choileanadh
- Comasan na buidhne gus seiseanan Gàidhlig aig deagh inbhe a libhrigeadh
- Cho math agus a tha a' bhuidheann a' cumail taic ri cleachdadh, ionnsachadh is cur air adhart na Gàidhlig sa choimhearsnachd
- Soirbheachas na buidhne ann a bhith a' cur ri àireamhan frithealaidh, àireamhan a' dol air adhart gu FtG agus ann a bhith a' cur air adhart na Gàidhlig san sgìre
- Comasan na buidhne gus sùil a chumail air is measadh a dhèanamh air adhartas
- Luach an airgid ga shealltainn anns an iarrtas

Gheibhear stiùireadh-measaidh nas mionaidiche [air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](#).

Thèid innse dhuibh mu cho-dhùnaidhean air an iarrtas agaibh tro phost-d aig deireadh an Iuchair no tòiseach an Lùnastal 2025.

Ma tha an iarrtas agaibh sealltainn nach eil sibh a' coileanadh cuid de na feumalachdan airson taic-airgid, ach gu bheil sinn den bheachd gu bheil iad seo ruigsinneach dhan bhuidheann agaibh, dh' fhaodadh gun e co-dhùnadh "ann am prionnsapal" a bhios ann air an iarrtas agaibh is gun fheum sibh cumhaichean a choileanadh airson a bhith a' tairgse taic-airgid foirmeil. Chan e tairgse taic-airgid a th' ann an co-dhùnadh ann am prionnsapal is feumaidh sibh gach cumha den cho-dhùnadh a choileanadh ro 31 Dàmhair 2025 no thèid an iarrtas agaibh a dhiùltadh.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers according to [the assessment guidance](#), and they will make recommendations to the Bòrd na Gàidhlig Senior Management Team who will decide on the outcome of applications.

Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details as part of the assessment process and we request that responses are provided within 5 working days to avoid delays to assessment processes.

In assessing your application, we will be looking at:

- How strongly the group will achieve the outcomes of the fund
- The ability of the group to deliver high-quality Gaelic early years sessions
- How well the group supports the wider usage, learning and promotion of Gaelic in the community
- The success of the group in growing attendee numbers, numbers progressing to GME and promoting Gaelic in its area
- The ability of the group to monitor and assess its progress
- The value for money demonstrated by the application

Detailed assessment guidance can be found [on Bòrd na Gàidhlig's website](#).

You will be informed of the result of your application via email in late July or early August 2025.

If your application does not meet several criteria required for funding, but we consider these to be achievable for your group, the decision on your application may be a decision "in principle" dependant on your group fulfilling certain conditions to be eligible for a formal award. An in principle decision is not an award of funding and you must fulfil all requirements of the in principle conditions before 31 October 2025 or the application will be declined.

Ma thèid gabhail ris an iarrtas agaibh, thèid a chur thugaibh le phost-dealain tro Docusign dhan neach-sgrìobhaidh ainmichte agaibh (no luchd-sgrìobhaidh ma tha sibh nar buidheann le luchd-obrach agus gum feum sibh Dearbhadh Obrach Chothromaich a lìonadh). Bidh suas ri 30 latha agaibh gus an t-aonta taic-airgid a shoighneadh is a thilleadh no thèid an tairgse taic-airgid a thoirt air ais.

Ma tha tabhartas air aontachadh, thathar an dùil gun tèid 50% den tabhartas a phàigheadh nuair a thilleas sibh an litir-tairgse, dearbhadh air an fhiosrachadh banca agaibh is **sibh air aithisgean a chur a-steach thugainn airson tabhartasan air a thoirt dhuibh ann am bliadhnaichean roimhe.**

Thèid 25% den tabhartas a phàigheadh san Fhaoilleach 2025, ach tha seo a' crochadh air aithisg adhartais a chur a-steach leis a bheil sinn riarachta stèidhichte air a' chiad dà theirm den bhliadhna-sgoile.

Thèid am 25% mu dheireadh den tabhartas a phàigheadh sa Ghiblean 2025, fhad 's a tha sinn riarachta gu bheil an còrr den tabhartas a dhìth oirbh. Mathaid gun tèid iarraidh oirbh fiosrachadh ionmhais a thoirt seachad mus faigh thu am pàigheadh gus dearbhadh mar a chaidh an tabhartas a chleachdadh is mar a thèid a chleachdadh gu deireadh na bliadhna.

Cuiribh fios san foirm-iarrtais agaibh no gu sgioba tabhartasan Bhòrd na Gàidhlig aig tabhartas@gaidhlig.scot nam biodh clàr-ama pàighidh eadar-dhealaichte nas freagarraiche dhuibh.

Mur eil sibh riarachta le co-dhùnadh air an iarrtas agaibh, ged nach eil pròiseas ath-thagradh againn faodaidh tu gearain a chur a-steach ma tha thu den bheach nach deach dèiligeadh ris an iarrtas agad a-rèir an stiùireadh 'sa is an stiùireadh-measaidh. Airson tuilleadh fiosrachaidh, [tha ar modhan gus dèiligeadh ri ghearanan ri fhaighinn an seo.](#)

If your funding application is successful, a letter of offer will be sent via email through Docusign to your nominated signatory (or signatories if you are an organisation with staff and required to complete a Fair Work Declaration). You will have up to 30 days from the date of issue to sign and return the funding agreement or the offer shall lapse.

If support for a grant is agreed, it is expected that 50% of the grant will be paid upon return of the signed letter of offer, confirmation of your bank details **and submission of any previous reports due to us for grants awarded in previous years.**

A payment of 25% of the grant will be made in January 2025, conditional on receiving a satisfactory progress report based on the first two terms of the school year.

Payment of the final 25% of the grant will be in April 2025, subject to us being satisfied that the remainder of the grant is required. You may be asked to provide financial information to confirm how the grant is being used and will be used to the end of the year in order to receive this payment.

Please note within your application or contact Bòrd na Gàidhlig's funding team at tabhartas@gaidhlig.scot if you would like to arrange for a different payment schedule.

If you are not satisfied with the outcome of your application, while we do not offer an appeal process you may make a complaint if you believe your application has not been dealt with in accordance with this guidance and the assessment guidance. For more information, [our complaints handling procedure is detailed online here.](#)

Tuilleadh fiosrachaidh

More information

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun mhaoin seo, tadhail air [làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](https://www.gaidhlig.scot) no cuiribh fios gu tabhartas@gaidhlig.scot.

Thèid seiseanan fiosrachaidh air-loidhne a chumail mun sgeama air Diluain 3 Ògmhios (2f) is Dimàirt 4 Ògmhios (7f); [faodaidh sibh clàradh gus iad seo a fhrithéaladh tro Eventbrite an seo](#).

Faodaidh sibh cuideachd sùil a thoirt air [freagairtean ri cheistean cumanta](#) mu dheidhinn a' mhaoineachaidh againn air an làrach-lìn againn.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh air an làrach-lìn againn](#).

Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den stiùireadh seo is de dh'fhoirmichean-iarrtas ma tha sibh ag iarraidh agus dh' fhaodadh gun tèid iad air fhoillseachadh aig: <https://www.gaidhlig.scot/gd/maoineachaidh/cothroman-maoineachaidh/tabhartasan-trath-bhliadhnaichean/>

For more information about this fund, please visit the [Bòrd na Gàidhlig website](https://www.gaidhlig.scot) or contact Bòrd na Gàidhlig at tabhartas@gaidhlig.scot.

Online information sessions on the scheme will be held on Monday 2 June (2pm) and Tuesday 3 June (7pm); [you can register to attend via Eventbrite here](#).

You can also find [answers to frequently asked questions](#) about our funding on our website.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found on our website](#).

Alternative forms of this guidance and application forms can be made available on request, and may be published at: <https://www.gaidhlig.scot/en/funding/funding-schemes/early-years-grants/>

Eachdraidh Faidhle / Version history

v1	Air fhoillseachadh / Published	14 Ceitean / May 2025
----	--------------------------------	-----------------------

Ma tha ùrachadh ann air an stiùireadh, is sibh air iarrrtas a thòiseachadh air Fluxx, thèid brath a chur thugaibh tro phost-d.
If this guidance is updated, and you have begun an application on Fluxx, you will be notified via email.